



Pròiseict Mionc Nan Eilean Siar

Fiosrachadh – An t-Samhain 2005



Tha Pròiseict Mionc nan Eilean Siar, anns a' bhliadhna mu dheireadh agus tha amas aige airson a chur as dhan a h-uile mionc Ameireaganach bho na h-Uibhistean agus an àireamh a lùghdachadh bho Taobh Deas na Hearadh. Tha am pròiseict air chur ri chèile a thaobh ùidhean glèidhteachais, a mhàin dìon a chumail air slugh na h-eòin a tha cudromach eadar-nàiseanta.

FIOSRACHADH

◆ **Air adhart**

Tha a' phròiseict air a bhith a' sireadh mionc le coin rè na trì mìosan a chaidh seachad, a' leantainn seallaidhean sam bith agus ag atharrachadh na trapan ann an Uibhist airson an dèanamh nas èifeachdach. Chaidh còrr air 58% den àrainn uisge air an sireadh – 's e meud mòr a tha seo airson na coin agus na daoine a bhios còmhla riutha. Chaidh aon mhionc air a ghlacadh ann an Uibhist a Tuath rè àm sgapaidd. Chunnacas còig mionc anns na h-Uibhistean agus thathar an sgioba a' leantainn air an seo.


◆ **Luchd-obrach**

Thàinig dà luchd-obrach airson cuideachadh leis a' phròiseict, bho Seòmar-obrach Saidheans Meadhanach agus an State Veterinary Service. Tha neach-obrach a bhios ag obair airson ùine ghoirid an dràsta a' faighinn trèanadh airson cuideachadh le spadadh nam mionc anns Na Hearadh.

◆ **PhD**

Tha Alice Helyar air am fiosrachadh a' sgrìobhadh airson PhD a tha i a' dèanamh air a' phròiseict. Tha tòrr fiosrachadh inntinneach ri fhaicinn ann an seo agus feumaidh cuimhne a bhith againn orra ma bhios an dàrna ìre a' dol air adhart. Tha an sgrùdadh a' sealltainn dhuinn gu bheil dachaighean na mionc a tha air a' chosta nas lugha na feadhainn air taobh a-staigh an eilein. Tha e cuideachd a' sealltainn dhuinn gu bheil barrachd mionc anns an foghar na tha anns an t-earrach. Tha e coltach gum bi 15% den slugh a' sgapadh agus is urrainn dhaibh a dhol gu math fada – chaidh aon bheathach tarsainn Na Hearadh – 34 cilemeatair. Bidh feadhainn aca a' falbh air slighean bheaga ach bidh iad a' tilleadh agus bidh feadhainn eile aca nach bidh uair sam bi a' fuireach san aon àite.

mionc/km



àrainnean air a' chosta

◆ **Obair san àm ri teachd**

Eadar an dràsda agus An Gearran, bidh barrachd trapadh ann an Uibhist a Tuath agus Beinn a Bhaoghla ann an àitean far am faca daoine mionc. Bidh beagan trapadh cuideachd a' dol air adhart

ann an Uibhist a Deas. Aig an aon àm bidh trapadh agus sireadh le coin ann an àitean eile far am bi mionc ri fhaicinn. Nuair a thòiseas dàmhair nam mionc, bidh glacadh trom a' tòiseachadh ann an Uibhist a Deas agus a' leantainn suas gu Uibhist a Tuath.

◆ **An dàrna ìre**

Ged a tha àireamh nam mionc air an lughdachadh air taobh Deas na Hearadh agus na h-Uibhistean anns a' chiad ìre den pròiseict, tha tòrr mionc fhathast ann an Eilean Leòdhas - àite nach eil a' tighinn a-steach sa chiad ìre. Feumar rudeigin a dhèanamh ann an Leòdhas airson stad a chuir air na mionc a' dol sìos deas gu Na Hearadh agus na h-Uibhistean – a' ciallachadh na mionc gu lèir a spadadh bho na h-Eileanan an Iar.

◆ **Bùthan-obrach ann an Leòdhas**

Anns a' Chèitean an da bhliadhna bidh bùth-obrach ann an Leòdhas a' cur cuideam air Pròiseict Mionc nan Eilean Siar gus barrachd fiosrachadh a thoirt do dhaoine mu dheidhinn na mionc agus an sgrios a tha iad a' dèanamh. Ionnsaichidh iad mu dheidhinn dè tha dol a thachairt anns an dàrna ìre den pròiseict; spadadh na mionc bho Leòdhas agus na Hearadh gu lèir. Bidh ceann-latha ann airson seo nas fhaig air an àm.

Ach an dràsta, ma chithear mionc sam bi anns na h-Uibhistean bheir fios gu Pròiseict Mionc nan Eilean Siar.

CÙL-FHIOSRACHAIDH

Chan eil mionc dùthchasach dha na h-Eileannan an Iar no fiù do Bhreatainn. Tha iad gu h-àraid cunnartach do dh'èoin fhiadhaich oir ithidh iad uighean, iseanan agus eòin mhòra bho làraich chudthromach eòin eadar-nàiseanta. Tha na h-Uibhistean nan dachaigh do chuid de na h-eòin is cudthromaiche san Roinn Eòrpa agus tha iad seo air an dìon fo Òrdugh Eòin Fhiadhaich na Roinn Eòrpa le Àitean Sònraichte Dìona (SPA). Tha e mar uallach air Breatainn na làraich seo a dhìon a thaobh riaghaltean na Roinn Eòrpa. A bharrachd air glèidhteachais nàdair, tha droch bhuaidh aig a' mhionc air croitearachd, iasgach, tuathanachas èisg agus turasachd. Tha suidheachadh a' mhionc na dhuilgheadas do mhòran agus tha e mar ghnòthach dhuinn uile freagairt faighinn air a' cheist. Gu mì-fhortanach an aon fhreagairt buan a th'ann 's e am beathach a sgrios. Tha 'Pròiseict Mionc nan Eilean Siar' a' toirt còrr air millean trì fichead 'sa còig mìle not dè dh' airgead Eòrpach, poblach agus eile do na h-Eileanan an Iar. A' sàs anns a' phròiseict tha na buidhnean a leanas: Dualchas Nàdair na h-Alba, Comann Riaghail Dìon nan Eun, Riaghaltas na h-Alba, Seòmar-obrach Saidheans Meadhanach, Iomairt nan Eilean Siar, agus Comhairle nan Eilean Siar. Tha airgead bho stòras airgead nàdarra Eòrpach LIFE a' toirt taic dhan pròiseict.

Airson barrachd fiosrachaidh mu Phròiseict Mionc nan Eilean Siar no ma chì sibh mionc an àite sam bith, cuir fios gu neach-stiùiridh na pròiseict Sugoto Roy air 01859 550327 (<mailto:s.roy@csf.gov.uk> / s.roy@csf.gov.uk) no gu Dualchas Nàdair na h-Alba ann an Steòrnabhagh air 0185170258.

Bu chòrr dha ceasnachaidh nam meadhanan a dhol gu Mairi Gillies, SNH, 01463723134 (mairi.gillies@snh.gov.uk)